

[TD 1]

ORAN DO CHLUAINIDH.

Olaidh sinn deoch-slainte Chluny,  
Ceann-cinnidh nam fiuran duineil,  
Cha 'n 'eil Gaidheal a ni 'tilleadh  
Fhad 's bhios sileag air a grunnd!

Tha mi na m' shuidhe na m' ònar,  
'S air mo sharachadh le foirneart,  
Fhuair na Sasunnaich fo spoig mi,  
'S chuir iad comhdach air mo cheann.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Tha mi 'tòiseachadh ri oran  
'Chuir an Gaidhlig ann an ordugh,  
Bho chuala mi Clann-an Tòisich,  
'Deanamh bosda os 'ur cionn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Cha 'n fhaigh mi coire gu bràch do  
Neach a bhi duineil na 'nadur;  
Bho'n a tha sibh dlu an càirdeas,  
Seasaidh sibh air làraich luim.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Ach c'èite am bheil e ann an Alba—  
Ceann-cinnidh a tha cho ainmeil,  
Rinn a chuile ni a dhearbhadh  
'Dh'earbadh riut air muir 's air tir?  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Fhuair thu onair anns na blàraibh—  
Fo do bhrataich gheibhte 'n cairdeas,  
Chuireadh tu ruaig air an namhaid  
Le do staillion air a ruinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Fhuair thu urram mar Cheann-cinnidh,  
Bo gach dùthaich agus Fine,  
'S ann am Baile-cinn na sior'achd,  
Dhearbh thu duineil a bhi leinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

[TD 2]

'N uair a theid thu ann a d' eideadh,  
'Dol amach air latha féusda,  
Cha'n fhaicear a measg nan ceudan  
Fear do cheum 's do chalpa cruinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Brògan biorach-bucail airgid,  
Osan gearr a's boineid ghorm ort,  
Feile-cuaiche 's breacan balla-bhreac,  
Claidheamh 's targaid air do thaobh.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Chuala sinn an Gaidhlig chòmhnard,  
Oidhche Dhiardaoin Feill-na-clòimhe,  
A' bhi' cur do chliu an ordugh  
'S bha sinn proiseil air a cheann;  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Nach robh ceann-cinnidh 'san àite,  
Ged bu mhor an t-aobhar nair' e,  
Labhradh ruinn an cainnt ar màthar,  
Ach Mac-Mhuirich ard na loinn'.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Gu'n deachaidh tu suas do Lunnuin,  
S' gun chuir a Bhan-righ ort cuireadh-  
Ceann-feadhna nan Gaidheal uil' thu-  
Fhuair thu 'n t-urram os an ceann.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Tha thu fhein agus Sir Pàdruig,  
A's Sir Coinneach ann an Gearrloch,  
Ag cur urram air a' Ghaidhlig  
O'n si 'n cànan a bh'aig Fionn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Tha sibh an guaillean a' cheile,  
Clann nan Gaidheal mar bu bhèus dhuibh-  
Siol nan Granndach á Strath-Spé  
A's Cabar-féidh nach tréig 'san strith.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Chuir sibh onair air a' Ghaidhlig,  
'Si a's sine measg nan canan,  
Oir 's ann leatha thubhairt Adhamh,  
"Ciamar tha thu?" ris a' mhnaoi.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

'S tu Oisean an déigh na Féinne,  
Dhearbh do shinnsear riabh 'bhi tréubhach,  
"Freiceadan Dubh" chuir a seal air  
Anns an Eiphit 's anns an Fhraing!  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

[TD 3]

Cumaibh cuimhn' air cliu nan gaisgeach  
Shreip a' chreag an Giberalter,  
'Cur an naimhdean uil' fo smachd

Le iomart 's casgairtean nan lann.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Chaidh iad a rithisd air sail bhuainn,  
Le do mhac na 'cheannard àireamh,  
Chuir nan Ashantees fo smàig,  
A's gu mo slan a thig e nall.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Tha do chinneadh a's do chairdean—  
Na tha fhathasd dhiubh a lathair,  
'Guidhe gu'n coisinn thu larach,  
Mar rinn Daibhidh leis an t-sling.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Far an d'araicheadh na Gaisgich  
'Choisinn cliù air tùs gach baiteil,  
'S iad na feidh tha measg nan glacan  
'S luchd nam breacan cha'n 'eil ann;  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Far am biodh na fir a' mènran,  
'Sa' chloinn-nighean air an àiridh,  
Gillean òga ris an àiteach,  
'San cuid mathraichean a' sniomh.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Na'm b' e faobhar airm as tuasaid,  
Cha d'fhuair Sasunnaich a' bhuaidh oirnn;  
Reiceadh sinn air bheagan buannachd,  
'S chaidh ar fuadach a's na glinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Na'n d' rinn uachdarain as uaislean,  
Ri 'n cuid daoine mar roinn Cluainidh,  
Cha robh 'mfearann ac fo luachair,  
S Baideanach le tuath a's ni.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Stadadh iad go 'n tigan aiginn—  
Marr rinn "Coinneach odhar" sgeula—  
'Nuar theid iad ri aghaidh baigneid,  
Cha tig eoin as feidh ga 'n dion.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Ach fhuair Bàideanach an t-urram,  
Air son daoine tréuna, duineil,  
Dh-éireas suas ri guaillean Chluny,  
'Bhuaileas buillean le 'n cuid lann!  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

'S iomadh duine coir le "làmh-chruidh,"  
Le 'choairich 's a chrodh laoigh air airidh,  
A tha 'n diugh an garaid ghrainnde,  
'S air an t-sraid a' dol a dhith,  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

'N uair tha Cluainidh measg a chairdean,  
Aig a' Bhealltuinn 's an Fhéill-Martuinn,  
Le chuid tuath a' paidheadh mail da,  
'S pailteas fhagail aig an cloinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

'S iomadh maighdionn bhanail, shuaирce,  
Le'n cuid leannan air an guaillean,  
'Th'ann am Bàideanach gun ghlucasad,  
'S sinn' air fuadach far an fhuinn.  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Soiridh slan gu aitreamh Chluainidh—  
Bho na Bhanrigh gus an truaghan,  
Fhuair thu beannachd do chuid tuatha,  
Ceann-uidhe nan sluagh an sith!  
Olaidh sinn deoch-slainte Chluny, &c.

Dorsan fosgaitt' do na féumaich—  
Cha do thill iad riamh gun éirig—  
Cridhe fialaidh, ceann na céille—  
'S fhad bho dhearbh thu féin an gniomh.  
Olaidh sinn deoch slainte Chluny, &c.

Gu ma math theid a Bhliadh'n ur dhut,  
Le do chairdean uile dluth dhut,  
'S na tha fad air falbh 'se m' urnaigh,  
Righ nan dul a bhi gan dion

Leonin fada air sniomh an t'raine,  
Aig imisidh cliu an Thineadh as airde,  
Chuireadh urram air mo chairdean,  
An toabh a' b'fhear dhiom a bhi dhibh.

N'am biadh fios aca air mo dhoruinn,  
'Sma rinn Sasuinich mo lionadh,  
'Dheireadh iad fein as Clann Donuill,  
Thoirt a chomdaich bha mo chinn seid.

Olaidh sinn deoch-slainte Chluny,  
Ceann-cinnidh nam fiuran duineil,  
Cha 'n 'eil Gaidheal a ni 'tilleadh  
Fhad 's bhios sileag air a grunnd!

MAIRIDH NIC MHUIRICH.

<eng>November<gai> 1873.